

AINM: CLAS:

ìre 4-7 Fileantaich

An Coigreach

le Iain Mac a' Ghobhainn



Cànan

Leugh an sgeulachd. Lorg ciall abairtean air an taobh chì anns an liosta air an taobh dheas.

B' fhada bha e uaithe.	a bhith a' dèanamh gu math
Bha an talamh a' deoghal an t-solais mu dheireadh às an adhar.	Cha mhòr nach deach mi às mo chiall.
Theab e tilleadh is an saoghal farsaing a thoirt air.	ga cumail air ais
a' cur maille oirre	an-fhoiseil
glè ainneamh	Cha b' ann mar sin a bha e idir.
Theab mi dhol às mo thoinisg.	Bha e airson ruith air falbh.
luaisgeanach	lùth-chleas far an dèan thu cearcall leis
a' bhodhaig – làmhan air an talamh agus casan san adhar	eun a tha ainmeil airson seinn
Cha leaghadh an t-ìm na bheul.	Cha robh am fearann torach.
soirbheachadh	Chan ann tric...
car a' mhuitlein	Cha dèanadh e dad ceàrr.

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas:

1. Dè an dealbh a tha sinn a' faighinn den taigh anns a' chiad earrainn? Ciamar a tha fios againn nach b' ann mar seo a bha e bho thùs?
2. Tagh pìos às an earrainn a sheallas dhuinn gun robh an taigh air a dhol bhuaithe bhon turas mu dheireadh a chunnaic Alasdair e. Dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri dhèanamh an seo?
3. Carson a thug e cho fada air suidheachadh an taighe a mhineachadh dhuinn?
4. Carson a tha tiotal na sgeòil freagarrach agus mì-fhreagarrach aig an aon àm?
5. Carson nach do chleachd Alasdair ainm fhèin nuair a thàinig a mhàthair chun an dorais?
6. Nuair a las a' chailleach an lampa, cò ris a bha an rùm coltach?
7. Carson nach robh còir iongnadh a bhith air Alasdair nuair a dh'innse a' chailleach dha gun robh i dall?
8. Dè tha cudromach mu na maidean a bhris Alasdair anns an sgeulachd? A bheil na brisean a' tighinn aig amannan sònraichte?
9. Chaidh innse dhuinn gun robh **an teine a-nis a' gabhail**. Dè tha seo ag innse dhuinn mun chàirdeas a tha eadar an dithis charactar?
10. Saoil carson a dh'fhàg Alasdair a dhachaigh aig aois seachd bliadh'n' deug? Thoir seachad diofar adhbharan.
11. Tha làn fhios againn mar leughadairean aig an deireadh gu bheil fhios aig a' chailllich cuideachd cò tha a' tadhal oirre. Dè tha a' dearbhadh seo dhuinn? Saoil cuin a bha fhios aig a' chailllich gur e a mac fhèin a bh' ann?
12. Carson nach do rinn Mac a' Ghobhainn cus dhen deireadh? Dè feum a tha seo a' dèanamh don sgeulachd?
13. Tha sgeulachdan Mhic a' Ghobhainn ainmeil airson dèiligeadh ri aonranas, seann aois, ceanglaichean agus cuideachd ri inntinn ag obrachadh fo bhuaidh trioblaid air choreigin. Seall mar a tha na cuspairean sin a' nochdadh anns an sgeulachd seo.



A' sgrìobhadh mu litreachas


Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd ag ainmeachadh na leanas:

1. Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair.
2. Suidheachadh – carson a tha seo cudromach dhan stòiridh?
3. Cuspairean agus mar a tha an t-ùghdar a' dèiligeadh riutha.
4. An teachdaireachd a tha air cùl na sgeòil. Smaoinich air na ceanglaichean san sgeulachd.
5. Dè cho soirbheachail 's a tha an t-ùghdar ann a bhith a' rannsachadh a' chàirdeis san sgeulachd seo. Minich do bheachd.
6. A bheil thu air sgeulachdan sam bith eile a leughadh leis an aon ùghdar no air an aon chuspair? An urrainn dhut coimeas a dhèanamh eatarra?

Sgrìobhadh

Sgrìobh air aon de na cuspairean a leanas:

1. 'Bu chòir dhan a h-uile pàiste a dhachaigh fhàgail aig aois ochd bliadhna deug agus a shlighe fhèin a dhèanamh san t-saoghal.' A bheil thu ag aontachadh le seo? Sgrìobh aiste a' mìneachadh do bheachdan air a' chuspair.
2. 'A' tilleadh dhachaigh'. Sgrìobh sgeulachd fon tiotal seo.
3. 'Nam faighinn mo mhiann, chan fhuirichinn san dùthaich seo. Tha beatha fada nas fheàrr gam fheitheamh thall thairis.' Dè do bheachd?
4. Sgrìobh sgeulachd a' tòiseachadh mar seo: 'Bha e gu bhith aon uair deug. Chuala mi gnog aig an doras is dh'èirich mi air mo shocair far an t-sòfa gun a bhith a' toirt mo shùil far an TBh. Cha b' urrainn dhomh a chreidsinn nuair a dh'fhosigail mi an doras..."



Bha an lios bheag air a leigeil bàs, 's dh'aithnicheadh duine nach deach an doras a pheantadh o chionn iomadh bliadhna.